



Sùil Sgiobalta			
Diciadain 27 Sultain		Diardaoin 28 Sultain	
Seisean 1 (Madainn)	Seisean 2 (Feasgar)	Seisean 3 (Madainn)	Seisean 4 (Feasgar)
Suas leis a' Ghàidhlig	Àireamhachd	Àireamhachd	'Reflective Reading'
'Reflective Reading'	Litarrachd	Gàmar	Litarrachd
Gàmar	RAFA	Co-mheasadh	Litreachadh le Lasadh
A' teagasg dràma sa bhun-sgoil	Litreachadh le Lasadh	Obair PE sa bhun-sgoil	ASN*
Comic Life*	A' teagasg ealain sa bhun-sgoil	ASN*	Cò tha sin? **
Foghlam Alba - Comharran-adhartais*	Foghlam Alba - Sàr-mhathais*	Foghlam Alba - e-Sgoil*	Foghlam Alba - Comharran-adhartais *

\*Co-bhùth-obrach còmhla ri luchd-teagaisg àrd-sgoile /\*\*trath-ìrean

## 1. Reflective Reading (Bun-sgoil & Trath Ìrean)

Anna Glennie & Jayne NicAsgail

Air a chruthachadh gu sònraichte airson Alba, tha Reflective Reading – leughadh le tuigse – na mhodh-obrach a ghabhas cleachdadh bho P1 gu P7 agus nas fhaide air adhart.

'S e seo dòigh-obrach thogarrach air:

- tuigse, buileachadh ann an leughadh agus togradh airson leughadh a leasachadh do na h-uile
- leughadh a dhèanamh na annas às ùr, le beachdan agus gnìomhan spòrsail, tarraingeach airson leughadh a theagasg
- luchd-leughaidh fad-bheatha a chruthachadh aig a bheil deagh chleachdaidhean leughaidh, ris an còrd teacsa den h-uile riochd

Air a dhealbhadh gu bhith na 'ath-cheumannan' do leughadh ann an Alba, tha Reflective Reading a' freagairt nan amasan aig a' Churraicealam airson Sàr-mhathais, a' gabhail a-steach nan Eòlasan agus nam Builean, agus nan 7 Prionnsapalan.

Bidh còmhraidh-ionnsachaidh air leughadh gus taic a chur ri AifL air a thòiseachadh 's air a bhrosnachadh le Measaidhean Leughaidh simplidh.

A bharrachd air seo, chaidh tagsonamaidh ùr do leughadh a chruthachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil àrd-sgilean smaoinidh air am fighe a-steach ann an teagasg leughaidh.

Còrdaidh e ri clann agus ri tidsearan a bhith a' cleachdadh Combaist a' Chomais-tuigse, a' cruthachadh Mapaichean Ghnìomhan agus a' dèanamh gnìomhan Textplorers.

## 2. Obair PE sa bhun-sgoil

Megan NicChoinnich

Annas a' bhùth-obrach seo, gheibh thu cothrom eòlas a chur air obair agus geamannan PE airson gach ìre sa bhun-sgoil.

Coimheadaidh sinn air na goireasan PE a th' ann agus gheibh thu fiosrachadh air mar a chuireas tu air dòigh seata leasan agus plana bliadhail PE.

## 3. A' teagasg ealain sa bhun-sgoil

Magaidh Nic a' Ghobhainn

A' cur eòlas gnìomhach air stuthan agus dòighean a ghabhas cur ri cuspairean, pròiseactan agus ionnsachadh tarsainn air a' churraicealam.

## 4. Dràma sa bhun-sgoil

Dougie Beck

Soilleireachadh, daingneachadh, measadh agus taisbeanadh: dràma air feadh a' Churraicealam.

Gabhaidh dràma cleachdadh gu làitheil air feadh a' Churraicealam, 's i a' cur gu mòr ri ionnsachadh agus coileanadh chloinne aig gach ìre sa bhun-sgoil:

- a' brosnachadh sgoilearan gu bhith a' co-obrachadh gu h-èifeachdach
- a' leasachadh farsaingeachd tuigse agus a' brosnachadh smaoineachadh cruthachail domhain
- a' toirt cothrom do thidsearan agus sgoilearan ri chèile adhartas a mheasadh agus soirbheachas agus ionnsachadh a thaisbeanadh

NB: cha bhi a' bhùth-obrach seo a' gabhail gnothach ri dràma an àrd-ùrlair, ged a ghabhas cuid mhath dhith cleachdadh ann an suidheachaidhean taisbeanail.

## 5. Àireamhachd

Shona NicDhòmhnaill

A' cleachdadh adhartas Àireamhachd na Gàidhealtachd gus sealltainn mar a ghabhas sgilean àireamhachd a leasachadh, agus na goireasan practaigeach a ghabhas cleachdadh gus seo a dhèanamh.

## 6. Litreachadh le Lasadh

Gwen Culbertson & Màiri NicDhòmhnaill

Thig còmhla ri Gwen agus Màiri airson seisean litreachaidh – cothrom goireasan a tha ri fhaotainn a chleachdadh agus obrachadh còmhla airson goireasan ùra a chruthachadh airson gach ìre sa bhun-sgoil.

## 7. Suas leis a' Ghàidhlig

Sandra Cunniffe & Ealasaid Anna Croall

Dòighean obrach airson brosnachadh agus a' neartachadh na Gàidhlig a h-uile là anns a' Bhun-sgoil.

## 8. RAFA

### Fiona NicAonghais & Seonag NicDhòmhnaill

Tha RAFA (Raising Attainment for All – Ag Àrdachadh Buileachadh do na h-Uile)) na phàirt den CYPIC (Children and Young People’s Improvement Collaborative – Co-obrachadh Leasachaidh do Chlann agus Òigridh), dòigh-obrach leasachaidh mhòr nàiseanta.

’S e modh-eòlas leasachaidh le structair mionaideach a th’ ann ach tha e èifeachdach agus furasta.

Tha e stèidhichte air a’ chuairt PDSA – Plan – Do – Study – Act. ’S e an t-amas ‘tòiseachadh beag’ a dhèanamh, le sgoilearan fa leth no le buidhnean beaga gus atharrachadh fheuchainn, agus an uair sin ‘leudachadh’ gus an clas gu lèir no an sgoil gu lèir a thoirt a-steach.

Tha ‘diagraman dhràibhear’ – anns a bheil targaid SMART (cò, dè, dè cho mòr, cuin), prìomh dhràibhear agus iar-dhràibhear – gan cleachdadh airson planadh.

Tha ‘Clàran ruith’ gan cleachdadh gus adhartas a chlàrachadh agus, gu cudromach, gus atharrachadh a dhèanamh nuair a bhios sgòran nas slaodaiche no a’ dol sìos.

Mar seo, tha an dòigh-obrach sùbailte agus gu tric tha an t-adhartas luath.

## 9. Co-mheasadh

### Christeen NicLeòid

Tha co-mheasadh riatanach ann a bhith a’ tuigsinn, a’ co-roinn agus a’ cleachdadh shlatan-tomhais gu cunbhalach tarsainn air a’ churraicealam agus aig gach ìre.

Tha an tuigse cho-roinnte seo a’ buntainn do na sgilean agus don eòlas a tha a dhìth airson ‘pasgan’ de bhuilean aithnichte agus aontaichte, do luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh, a thèid a choileanadh le amasan-ionnsachaidh agus slatan-tomhais soirbheachais de dheagh ghnè.

A bharrachd air seo, bidh co-mheasadh de dheagh ghnè cuideachd a’ leasachadh tuigse cho-roinnte air àrd-ghnìomhan, àrd-cheistean agus àrd-mheasaidhean iomlanach.

Le bhith a’ com-pàirteachadh ann an co-mheasadh de dheagh ghnè agus a’ faighinn fios air ais, bidh piseach a’ tighinn air càileachd an ionnsachaidh agus an teagaisg, agus bidh slatan-tomhais agus dàta a’ fàs nas làidire.

## 10. Gràmar

### Gille Brìghde MacIlleMhaoil

Bidh Gillebrìde Mac 'IlleMhaoil bho Oilthigh Ghlaschu a' mìneachadh cuid dhe na puingeann gràmair as bunaitiche agus as trice a bhios sgoilearan a' faighinn cearr. Bidh seo air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig agus bidh cothrom ann ceistean gràmair a thogail agus a dheasbad cuideachd.

## 11. Litearrachd

### Alison Buchanan agus Claire NicDhòmhnaill

Bidh an seisean seo mu dheidhinn an t-suidheachaidh ann an Glaschu agus mar a tha Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu ag àrdachadh buileachadh do na h-uile tro litearrachd. Bidh cothrom ann airson conaltradh air:

- suidhichidhean ann an diofar sgoiltean agus na cnapan-starra ionnsachaidh a th' ann
- ag obair ann an com-pàirteachas
- goireasan feumail airson taic

# Co-bhùthan-obrach - Bun-sgoil & Àrd-sgoil

## 1. A' toirt taic do dh'oileanaich ASN sa chlas

### An Dr Fiona Lyon & Catriona Chaimbeul

Bha a' bhùth-obrach phractaigeach seo a' coimhead air an Leabhar-taic ASN air-loidhne a bharrachd air a bhith a' cruthachadh liostaichean fhaclan le prògram bathar-bog.

Chaidh coimhead air goireasan taic litearrachd agus fhuair luchd-frithealaidh cunntas air a' phròiseact measadh leughaidh.

Chaidh coimhead air gnothaichean practaigeach a thaobh a bhith a' toirt taic do sgoilearan air a bheil dyslexia – agus le sin do sgoilearan gu lèir!

## 2. Comic Life

### Chris Mitchell

'S e Comic Life 3 an app leis a h-uile dad a tha a dhith ort gus comaig sònraichte a dhèanamh bho na dealbhan agad fhèin. Loma làn de sheòrsaichean clò, teamplaidean, pannalan, bailiùnaichean, caipseanan, agus ealain-litrichean, tha Comic Life na app spòrsail, cumhachdach a tha furasta a chleachdadh.

Anns a' bhùth-obrach seo, seallaidh Chris dhut mar a chleachdas tu an app agus meadhanan eile gus goireasan a chruthachadh dha sgoilearan.

## 3. Comharran-adhartais airson Litearrachd agus Gàidhlig (B-s & À-s 1-3)

### Foghlam Alba

Anns an t-seisean seo, gheibh luchd-teagaisg cothrom eòlas nas fheàrr a chur air na comharran-adhartais airson Litearrachd agus Gàidhlig, gu sònraichte airson èisteachd agus labhairt.

'S e amas an t-seisein tuigse nas doimhne a thoirt do luchd-teagaisg air na h-ìrean nàiseanta a tha na Comharran-adhartais a' toirt, tarsainn air foghlam farsaing coitcheann.

Am measg nam prìomh chuspairean a thèid a thaisbeanadh agus a dheasbad tha:

- A' cleachdadh nan Comharran-adhartais gus cuideachadh le breithneachadh proifeiseanta air coileanadh ìre;
- Adhartas ann an èisteachd agus labhairt tarsainn air ìrean a tha air an cur a-mach anns na Comharran-adhartais;
- An fhianais eadar-dhealaichte a tha ga cleachdadh gus breithneachadh proifeiseanta a dhèanamh;
- Co-mheasadh èifeachdach air ionnsachadh, teagasg agus measadh dealbhaichte.

Bidh aire shònraichte air èisteachd agus labhairt san t-seisean seo. Tha e air iarraidh air luchd-teagaisg fianais measaidh airson èisteachd agus labhairt tarsainn nan ìrean a thoirt leotha chun an Alltain.

Thèid seo a chleachdadh gus co-thuigse air slatan-tomhais fhaighinn.

Bu chòir do luchd-teagaisg dèanamh cinnteach gu bheil na ceadan iomchaidh aca gus eisimpleirean de obair sgoilearan a shealltainn.

Bidh e feumail do luchd-teagaisg ma bheir iad sùil air ceistean stiùiridh a tha ann a-nis gus taic a thoirt le co-mheasadh air litearrachd agus Beurla agus air àireamhachd agus Beurla.

#### 4. e-Sgoil: Fuasgladh didseatach airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig Foghlam Alba & e-Sgoil

Tha e-Sgoil a' tairgsinn ionnsachadh didseatach mar fhuasgladh do churraicealam FMG. San t-seisean seo gheibh luchd-teagaisg sealladh air cò ris a tha e coltach a bhith nad thidsear, nad chomasaiche agus nad neach-ionnsachaidh ann an e-Sgoil. Bidh an seisean seo a' toirt taic do luchd-teagaisg ann am foghlam farsaing coitcheann 3-15 gus:

- eòlas a chur air an teicneòlas dhidseatach a tha e-Sgoil a' cleachdadh
- fòcas a chur air feallsanachd teagaisg èifeachdach gus taic a thoirt do ionnsachadh le teicneòlas
- curraicealam na bun-sgoile a dhealbhadh gus taic a thoirt le bhith a' gluasad gu ionnsachadh a tha air a libhrigeadh gu ìre tro theicneòlasan didseatach
- curraicealam àrd-sgoile a dhealbhadh le steach-chur bho e-Sgoil

## 5. Sàr-mhaitheas ann am foghlam

### Foghlam Alba

Cuidichidh an seisean seo luchd-teagaisg ann a bhith a' cleachdadh fèin-mheasadh gus sàr-mhaitheas agus co-ionannachd ann am Foghlam Gàidhlig 3-18 fhaighinn.

Bidh aire shònraichte air na cuspairean a chomharraich aithisg an luchd-sgrùdaidh, Càileachd agus Leasachadh ann am Foghlam na h-Alba, 2012-2016. Am measg nan cuspairean a thèid a thaisbeanadh agus a dheasbad bidh:

- ceannas èifeachdach ann an sgòiltean agus sgoiltean-àraich Gàidhlig 3-18;
- a' cleachdadh curraicealam le deagh shructair agus deagh dhealbhadh gus coileanadh àrdachadh;
- bogadh, eadar-obair agus feallsanachd teagaisg deagh-ghnè tro chluich;
- a' cleachdadh measadh gus cur ri adhartas agus coileanadh;
- a' cruthachadh sgoiltean agus sgoiltean-àraich aig a bheil co-thuigse agus seasamh in-ghabhalach a thaobh na Gàidhlig

## Co-bhùth-obrach - Bun-sgoil & Trath-Ìrean

### 1. Cò tha sin?

#### Dougie Beck

A' cleachdadh phupaidean airson cànan a bheothachadh le clann òg agus pàrantan.

A' coimhead ri leabhraichean a thoirt beò le bhith a' cleachdadh phupaidean agus ris an t-eòlas agus na sgilean againn fhèin a neartachadh. Diofar eisimpleirean airson pupaidean sìmplidh a chruthachadh le clann.